

# A' Bhana-bhuidseach as Uilce air an t-Saoghal

## Faclair



**as uilce:** Ma tha duine *olc*, tha e no i a' dèanamh droch rudan. Bidh sinn ag ràdh gu bheil duine nas *uilce* na duine eile, no 's dòcha gur e an duine as *uilce*.

**sgeadachadh:** Nuair a *sgeadaicheas* tu àite no rud, bidh thu ga dhèanamh nas brèagha, 's dòcha le bhith ga pheantadh no le bhith a' stiogadh rudan deàrrsach air.

**eud:** Ma tha *eud* ort, tha thu fiadhaich oir tha thu ag iarraidh rud aig duine eile, agus tha thu a' smaoinichadh gur ann agadsa a bu chòir dha a bhith.

**cofhurtail:** Ma tha seithear *cofhurtail*, tha e snog a bhith nad shuidhe air.

**shnàig:** Ma *shnàigeas* tu bho àite gu àite, tha thu a' feuchainn ri gluasad gu sàmhach no gun fhiosta do dhuine eile, 's dòcha air do làmhan agus do chasan.



**fitheach:** eun mòr dubh



**cuimhne:** Ma tha rud nad *cuimhne*, tha e glaiste nad inntinn.

**geas:** Faclan no gnìomhan a bhios bana-bhuidseach a' cleachdadh gus toirt air rud tachairt.

**cliobhair:** Dòigh eile air luath no sgiobalta a ràdh.

**carragh chloiche:** Pìos cloiche 's i glè mhòr, glè àrd, agus tana.

**britheamhan:** Na daoine a bhios a' dèanamh a-mach cò th' air buannachadh ann am farpais no ann an cùis-lagha.

**drèin:** Ma tha *drèin* ort, tha thu a' coimhead greannach. Tha thu a' teannachadh do shùilean agus/no do bhathais.



**air aghaidh:** Dòigh eile air air adhart a ràdh.

**cùirtear:** Pìos clò a bhios a' còmhdachadh uinneig no àrd-ùrlair.



**inean:** Na pìosan cruaidh biorach air ceann do chorragan.

**bruadar:** Na rudan agus na seallaidhean a chì thu nad chadal.



**truas:** Ma tha thu a' gabhail *truas* ri duine tha thu a' faireachdainn brònach mu dheidhinn, air sgàth an t-suidheachaidh dhuilich anns a bheil e no i.



**laghach:** snog; dòigheil

**lachanaich:** Dèanamh gàire mhòr àrd.

**prais:** poit mhòr dhubh, uaireannan le casan oirre.



**shoirbhich leam:** Ma *shoirbhicheas* le neach, tha e no i a' faighinn an rud a tha e/i ag iarraidh, a' buannachadh, no a' dèanamh gu math.

**drol:** craicte

**dàna:** gobach; mì-mhodhail

**cosnadh:** Ma *chosnas* tu rud – airgead, mar eisimpleir – tha thu ga fhaighinn tro bhith ag obair.

**fad an t-siubhail:** an-còmhnaidh; fad na tìde.



**às àicheadh:** Ma thèid thu *às àicheadh* rud, tha thu ag ràdh nach eil e fìor.

**airgead-diolaidd:** Airgead a phàigheas tu gus duine fhaighinn air ais nuair a tha e fo bhruid no an grèim aig cuideigin eile.

**srainsearan:** coigrich; daoine nach aithne dhut.



**rognaich:** Dèan taghadh; dèan suas d' inntinn.

**na bu chiallaiche:** na bu ghlice

**cha leiginn a leas:** chan fheumainn

**uimhir:** àireamh mhòr de rudan

**fortan:** tòrr airgid



**goireasach:** feumail; air a dheagh dhealbh

**àbhaisteach:** cumanta

**daonnan:** an-còmhnaidh; fad na tìde

**meanbh-bhiastag:** creutair beag bìodach mar sheangan no cuileag

**a-mhàin:** dìreach



**anns an fharsaingeachd:** idir idir

**bragail:** gobach; mì-mhodhail



**aghaidh:** aodann

**smid:** fuaim beag; facal beag

**sunndach:** toilichte; dòigheil



**tàladh:** Ma *thàlaidheas* tu cuideigin no rudeigin, tha thu ga tharraing thugad



**critheanach:** air chrith

**gruaidhean:** pluicean; busan



**teicheadh:** ruith air falbh

**sin uireas:** sin e



**muime:** boireannach a phòsas duine aig a bheil clann bho phòsadh eile; leas-mhàthair.



**mì-chàilear:** grànnda; gràineil



**seada:** togalach beag a bhios aig daoine sa ghàrradh



**bus:** Ma bhios *bus* ort, bidh coltas greannach ort



**maoidheadh:** Ma *mhaoidheas* tu rud air duine, tha thu ag ràdh gu bheil thu a' dol a dhèanamh droch rud orra – gu tric airson do thoil fhèin fhaighinn

**urram:** Ma sheallas tu *urram* do neach, tha thu a' sealltainn spèis dhaibh

**laochan:** gille beag gaisgeil

**aithreachas:** Ma tha *aithreachas* ort, tha thu duilich mu rud a rinn thu

**theab:** cha mhòr nach

**coilear:** a' phàirt ded lèine a tha a' dol timcheall d' amhaich

**dlùth:** faisg



**sgàineadh:** briseadh

**grèata:** toll le gioda meatailt air



**luideach:** Ma tha duine *luideach*, tha tòrr thubaistean aige no aice - bi e a' briseadh rudan, mar eisimpleir



**soithichean:** truinsearan, cupannan is eile

**meuranaich:** Bidh thu a' *meuranaich* nuair a bhios tu sgìth – a' fosgladh do bheòil gu mòr



**rompa:** air am beulaibh



**buil:** rud a thachras mar thoradh air, no air sgàth, rud eile



**an urra:** do gach duine

**uchd:** Ma shuidheas cat nad *uchd*, tha e na shuidhe ort 's tusa nad shuidhe cuideachd



**làrna-mhàireach:** an ath latha

**uachdar:** bàrr: rud a chuireas tu air sùbhan-làir!

**brochan:** lite; rud a ghabhas tu air do bhraicist, air a dhèanamh à min-choirce

**na glòraidh:** glè thoilichte



**an urra riut:** Ma tha rud *an urra riut*, tha e air fhàgail agad fhèin: feumaidh tusa coimhead as a dhèidh!



**lean air:** cum air



**sgiamhail:** a' dèanamh fuaim uabhasach àrd



**fireannach:** duine; fear



**craic:** spòrs



**diogaileadh:** Ma *dhiogaileas* tu neach, tha thu gan tachas gu h-aotrom airson spòrs



**thabhainn:** Ma tha thu a' *tabhann* rud do dhuine, tha thu a' toirt dha cothrom an rud a ghabhail.



**[nach] aithnichinn [e]:** nach biodh fios agam cò bh' ann

**sona:** toilichte

**clap:** sliob



**bu mhòr am beud:** bha e gu math duilich

**leig mi soraidh leotha:** thuirte mi riutha 'tioraidh' no 'beannachd leibh'



**deur, deòir:** boinnean de dh'uisge sailte a thig às do shùilean



**Cha tàinig duine a chèilidh:** Cha tàinig duine gam fhaicinn



**rudhadh:** dath dearg

### Ainmean

**An Doideag Mhuileach:** Bana-bhuidseach ainmeil chumhachdach à Eilean Mhuile. Tha daoine ag ràdh gun do chuidich i le bhith a' cur fodha Armada na Spàinne! Tha ceòl-dannsa gu math luath ann air a bheil 'an Doideag Mhuileach'.

**An Eachlair Ùrlair:** Bhiodh a' bhana-bhuidseach seo a' nochdadh ann an sgeulachdan, mar shearbhant uabhasach olc a bha a' fuireachd faisg air lùchairt an rìgh.

**A' Chailleach Bheur:** 'S i bànrigh a' gheamhraidh a bh' anns a' bhana-bhuidsich seo. Bhiodh i a' fuireachd gu h-àrd am measg nam beann.



**car a thoirt asaibh:** cleas a chluich oirbh

**luaithe:** am pùdar glas a bhios air fhàgail nuair a bhios an teine air a dhol às